



Ceistean agus Freagairtean

Coimhead air duilleag 95.

1 (a) Carson a tha 'glaiste' air ath-aithris anns a' chiad pharagraf?

Tha e a' tarraing aire an leughadair chun an t-suidheachaidh aig toiseach na sgeulachd. Tha faireachdainn againn gu bheil an caractar air tighinn chun a' cho-dhùnaidh nach eil dòchas ann gu bheil doras sam bith fosgailte. Saoilidh sinn gun robh i san aon shuidheachadh roimhe seo, agus nach e rud ùr a tha seo dhi idir.

(b) Carson a tha an t-ùghdar a' cleachdadadh sheantasan goirid anns a' pharagraf seo?

Tha e a' cruthachadh dealbh ann an inntinn an leughadair de chuideigin ann an cabhag, a' ruith sios trannsa dorcha a' feuchainn ri gach doras fhosgladh. Tha gluasad anns an sgeulachd agus tha an t-ùghdar air an gluasad sin a ghlacadh le bhith a' cumail nan seantansan goirid.

Coimhead air duilleag 96, 97 agus 98.

- 2 (a) Tagh abairt no briathran a tha a' sealltainn gu bheil an càirdeas eadar Emma agus a màthair frionasach.**

“Bha fios aig Emma dè bha a' tighinn...”
 “Ach cha robh a màthair ag èisteachd.”
 “Cuin idir a chunnaic thu nighean aona bliadhna' deug a' gabhail marmalaid?”
 “Dh'èigh guth na ceann, ach cha tuirt Emma càil.”
 “Cha tuirt a màthair guth agus chùm i oirre a' cur ìm air an tost.”
 Abairt sam bith eile a tha freagarrach.

- (b) Nad fhaclan fhèin, mìnich mar a tha na briathran a leanas a' sealltainn a' chàirdeis a tha eatarra.**

“Bha fios aig Emma dè bha a' tighinn.”

Bhiodh a màthair daonna ag ràdh an aon rud agus bha Emma a' fàs searbh ga h-èisteachd.

“Ach cha robh a màthair ag èisteachd.”

Tha seo a' sealltainn dhuinn gun robh Emma den bheachd nach robh a màthair ag èisteachd rithe agus nach robh i a' cur sùim anns na bha i ag ràdh.

“Cuin idir a chunnaic thu nighean aona bliadhna' deug a' gabhail marmalaid?”

Tha seo a' sealltainn gun robh Emma den bheachd nach robh mòran tuigse aig a màthair air a beatha mar dheugaire eadhon air na rudan a bu toigh leatha fhèin agus le a co-aoisean a bhith ag ithe.

“Dh'èigh guth na ceann, ach cha tuirt Emma càil.”

Tha seo a' sealltainn gun robh Emma a' smaointinn air rudan nach b' urrainn dhi a ràdh ri a màthair.

“Cha tuirt a màthair guth agus chùm i oirre a' cur ìm air an tost.”

Tha seo a' sealltainn gun robh Emma den bheachd nach robh a màthair a' cur mòran sùim anns na bhiodh Emma ag ràdh. Tha tàrr air a h-inntinn is tha i air chall na smuaintean fhèin.

Coimhead air duilleag 96.**3. Mìnich “a’ cur às a corp” nad fhaclan fhèin.**

Tha beachdan làidir aig màthair Emma air cuspairean sònraichte mar biadh agus tha i a’ sior bhruidhinn mun deidhinn.

Coimhead air duilleag 100.**4 (a) Tagh eisimpleir de eadar-ràdh air an duilleig seo.**

“Cha robh i air guth a thoirt air ri màthair (bha i a’ feitheamh airson àm freagarrach)”

(b) Carson a tha an sgrìobhadair a’ cleachdad air eadar-ràdh an seo?

Ged nach eil am fiosrachadh deatamach dhan sgeulachd, tha e cudromach airson cur ris an tuigse a tha an leughadair a’ faighinn air a’ chàirdeas a tha eadar Emma agus a màthair.

5 Inns, nad fhaclan fhèin, mar a tha an sgrìobhadair a’ toirt air an leughadair tuigsinn gun robh co-là-breith Emma air a chuaireachadh le bròn cho fad ’s a bha cuimhne aice.

Cha robh partaidh air a bhith aice a-riamh airson a co-là-breith.

Bha Emma mothachail mar a b’ fhaisg a bha a co-là-breith a’ tighinn gun robh a màthair ga seachnad ’s nach robh mòran còmhraidih eatarra.

Coimhead air duilleag 102.**6 (a) Dè tha sònraichte mun pharagraf mu dheireadh air an duilleig seo?**

Tha am paragraf seo uabhasach goirid – dìreach aon seantans.

(b) Mìnich carson a tha an sgil-sgrìobhaidh seo èifeachdach?

Tha e èifeachdach oir tha an seantans a’ nochdad ann am paragraf leis fhèin agus mar sin a’ tarraig aire an leughadair thuige. Tha seo gu h-àraid cudromach nuair a choimheadas sinn air na tha a’ tachairt sa pharagraf roimhe agus sa pharagraf às a dhèidh. Tha màthair Emma dìreach air moladh

gum biodh sleepover aice air a co-là-breith. Cha robh dùil aig Emma ris an fhiosrachadh seo agus thug e greis mus do thuig i na bha a màthair air a ràdh. Tha am paragraf a' seasamh leis fhèin, agus tha sinn a' faicinn smuaintean Emma air a' chùis.

Tha e cudromach cuideachd gu bheil an ath pharagraf a' dol dìreach gu Emma a' bruadar a-rithist. Tha seo a' toirt oirnn a thuigsinn gu bheil an t-aon seantans seo air leth cudromach san sgeulachd agus gu bheil càirdeas nas dlùithe a' fàs eadar Emma agus a màthair.

Tha e cuideachd a' tarraing ar n-aire gu aisling Emma a tha a-nis beagan eadar-dhealaichte. Tha seo a' sealltann dhuinn gu bheil na tha dìreach air tachairt air buaidh mhòr a thoirt air inntinn Emma.

Smaoinich air a' chiad pharagraf agus air a' pharagraf mu dheireadh anns an sgeulachd.

7 Dè tha "an doras geal" a' samhlachadh?

Tha an doras geal a' samhlachadh fiosrachadh a tha a dhìth oirre mu h-athair agus a piuthar. San aisling aig an toiseach, tha i a' faicinn doras geal agus tha i ga fhosgladh, ach chan eil i idir a' faicinn na tha air a chùlaibh. Ann an coimeas ri seo, sa bhruadar aig deireadh na sgeulachd, tha i a' fosgladh an dorais ghil agus tha i a' coinneachadh ri a h-athair agus ri a piuthar. Tha i a' faighinn faochadh, agus a' faireachdann toileachas agus blàths a-nis a chionn 's gu bheil a màthair air innse dhi mar a thachair dha h-athair agus dha piuthar.

Smaoinich air an sgeulachd air fad.

8 Dè cho èifeachdach 's tha e gu bheil an sgeulachd a' tòiseachadh le Emma a' bruadar agus a' criochnachadh le Emma a' bruadar?

Tha e glè èifeachdach gu bheil an sgeulachd a' tòiseachadh agus a' criochnachadh le Emma a' bruadar. Aig toiseach na sgeulachd, tha sinn ag ionnsachadh mun aisling dhormha a th' aig Emma. Tha an aisling seo a' riochdachadh na mì-chinnt a th' aice mu a beatha agus an t-uallach a th' oirre. Tron sgeulachd, thathar a' tuigsinn an adhbhair a tha Emma a' faireachdann mì-thoilichte. Ro dheireadh na sgeulachd, tha màthair Emma ag innse dhi mar a thachair dha h-athair agus dha piuthar. Ged as e tachartas duilich a bha seo, tha e a' toirt tuigse do Emma air na ceistean a bh' aice fad a beatha. Aig deireadh na sgeulachd, tha aisling eile aig Emma, agus ged a tha i caran coltach ris an tè a bh' aice aig toiseach na sgeulachd, 's e aisling thoilichte a th' innte.

9. Tron sgeulachd, tha Emma daonnan a' cur cheistean oirre fhèin.

Dè tha seo ag innse dhuinn mu staid inntinn Emma?

Tha e a' sealltainn gun robh tòrr cheistean aice mu iomadh rud. Bha ceistean aice mu a h-athair agus carson a bhiodh a màthair a' caoineadh aig àm a co-là-breith. Tha e cuideachd a' toirt oirnn a thuigsinn nach robh duin' eile ann dham faighnicheadh i na ceistean seo. Bha i den bheachd nach robh a màthair ga tuigsinn 's cha robh i a' dol a dh'fhaighneachd dhise co-dhiù. Mar sin, bha Emma dìreach air a fàgail a' cnuasachadh nan ceistean na h-inntinn.

10 Chan eil seanmhair Emma a' nochdadhbh a' thuras san sgeulachd – air duilleagan 100-102 agus 105.

Mìnich mar a tha seanmhair Emma cudromach dhan sgeulachd air fad.

Sa chiat àite, tha i cudromach oir tha Emma measail air a seanmhair, agus is e beachdan Emma a thathar a' faighinn tron sgeulachd. Tha a seanmhair a' nochdadhbh nuair a tha Emma a' tilleadhbh dhachaigh às an sgoil. Tha Emma a' tuigsinn gu bheil còmhradh domhainn eadar a seanmhair agus màthair Emma. A bharrachd air a seo, tha an leughadair a' tuigsinn gu bheil cùis dhòiomhair eadar Emma agus a màthair agus gu bheil an t-seanmhair a' brosnachadh na h-ighinn aice gus rudeigin innse do Emma. Goirid às dèidh seo, tha i a' nochdadhbh san sgeulachd a-rithist, nuair a tha màthair Emma ag innse dhi mar a thachair dha h-athair agus dha piuthar. Ann an dòigh 's e a seanmhair an caractar a tha a' toirt air na caractaran eile fuasgladh fhaighinn air an t-suidheachadh aca. Mura b' e a seanmhair, 's dòcha nach biodh a màthair air innse do Emma idir mar a thachair.

11 An e tiotal freagarrach a th' air an sgeulachd seo?

Mìnich do fhreagairt.

Ged a tha an sgeulachd mu dheidhinn teaghlaich Emma, an càirdeas a tha eadar i 's a màthair agus cuideachd mu na ceistean a th' aice, tha seo uile air a shamhlachadh leis an doras a tha a' nochdadhbh an toiseach sna h-aislingean aig Emma. Tha e inntinneach gu bheil iomadh doras a' nochdadhbh san aisling aice, ach tha ar n-aire air a tharraing gu aon doras sònraichte – an doras geal. Mar sin, tha e freagarrach gur e 'An Doras' an tiotal 's nach e 'Na Dorsan'. Tha an doras seo a' samhlachadh rudeigin a tha a dhìth ann am beatha Emma – tha i a' faicinn an dorais, ach chan eil fhios aice dè tha air a chùlaibh. Seo mar a tha leis an teaghlaich aice, tha fios aice gu bheil a màthair a' cleith rudeigin bhuaipe mu h-athair ach chan eil fhios aice dè. Tha e èifeachdach gu bheil an aon doras geal seo a' nochdadhbh san aisling a bh' aig Emma aig deireadh na sgeulachd, ach an turas seo, tha i a' faicinn air a chùlaibh agus tha i a' coinneachadh ri a h-athair agus ri a piuthar.

